

## Farpais-cheist air gràmar

Feuch gum freagair thu na ceistean a leanas.

Às dèidh dhuibh am feuchainn, chì thu na freagairtean ceart air an ath dhuilleig.

1. Dè seòrsa facail a th' ann an **leabhar**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
2. An e buadhair a th' ann an **ith**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
3. An e roimhear simplidh no fillte a th' ann an **aig**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
4. Dè a' phàirt den ghnìomhair a th' ann an **cuir**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
5. An e ainmear gnìomhaireach no buadhair gnìomhaireach a th' ann am **pòsta**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
6. Tha **an-dè** na cho-ghnìomhair. Ceart no Ceàrr?  
\_\_\_\_\_ . [1]
7. Sèimhich an t-ainmear **cat**.  
\_\_\_\_\_ . [1]
8. Cò mheud lide a th' ann an **àbhaisteach**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
9. Ciamar a dhèanadh sibh co-ghnìomhair den bhuadhair **àrd**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
10. Dè an cùisear anns an rosgrann **Chunnaic Dòmhnall an taigh mòr ùr**?  
\_\_\_\_\_ . [1]
11. A bheil **Chuir i biadh air a' bhòrd** anns an tràth chaithte?  
\_\_\_\_\_ . [1]
12. Dè an tràth anns a bheil **Fàgaidh mi aig an stèisean iad**?  
\_\_\_\_\_ . [1]

- \_\_\_\_\_ . [1]
13. Dè an tuiséal anns a bheil **balach** ann an **Èist ris a' bhalach ud?**  
\_\_\_\_\_ . [1]
14. Cuir **am balach** ceart ann an **Thachair mi ri athair am balach.**  
\_\_\_\_\_ . [1]
15. Dè an tuiséal anns am bu chòir do **am balach** a bhith ann an Ceist 14?  
\_\_\_\_\_ . [1]
16. Cò am fear a tha ceart: **air beulaibh na sgoile** no **air beulaibh an sgoil?**  
\_\_\_\_\_ . [1]
17. Dè am facal a tha ceàrr ann an **Sheinn iad na h-òrain mòra gu h-àlainn.**  
\_\_\_\_\_ . [1]
- Ceartaich am facal a tha ceàrr.  
\_\_\_\_\_ . [1]
18. A bheil **sùbailteachd** fireann no boireann?  
\_\_\_\_\_ . [1]
- Ciamar a tha fios agad?  
\_\_\_\_\_ . [1]

[20]

## Na Freagairtean

1. Dè seòrsa facail a th' ann an **leabhar**?  
Ainmear. [1]
2. An e buadhair a th' ann an **ith**?  
Chan e. ('S e gnìomhair a th' ann.) [1]
3. An e roimhear sìmplidh no fillte a th' ann an **aig**?  
Sìmplidh. [1]
4. Dè a' phàirt den gnìomhair a th' ann an **cuir**?  
Freumh a' gnìomhair. [1]
5. An e ainmear gnìomhaireach no buadhair gnìomhaireach a th' ann am **pòsta**?  
Buadhair gnìomhaireach. [1]
6. Tha **an-dè** na cho-gnìomhair. Ceart no Ceàrr?  
Ceart. [1]
7. Sèimhich an t-ainmear **cat**.  
*Chat*. [1]
8. Cò mheud lide a th' ann an **àbhaisteach**?  
Trì (àbh-aist-each). [1]
9. Ciamar a dhèanadh sibh co-gnìomhair den bhuadhair **àrd**?  
*Gu h-àrd*. [1]
10. Dè an cùisear anns an rosgrann **Chunnaic Dòmhnall an taigh mòr ùr**?  
*Dòmhnall*. [1]
11. A bheil **Chuir i biadh air a' bhòrd** anns an tràth chaithte?  
Tha. ('S e gnìomh a th' ann a tha seachad.) [1]
12. Dè an tràth anns a bheil **Fàgaidh mi aig an stèisean iad**?  
An tràth teachdail. ('S e gnìomh a th' ann nach do thachair fhathast.) [1]
13. Dè an tuiseal anns a bheil **Èist ris a' bhalach ud**?  
An tuiseal tabhartach. (Tha e a' leantainn an roimheir shìmplidh *ri*.) [1]
14. Cuir **am balach** ceart ann an **Thachair mi ri athair am balach**.  
*A' bhalaich*. [1]
15. Dè an tuiseal anns am bu chòir do **am balach** a bhith ann an Ceist 14?  
An tuiseal ginideach. (Tha an dà ainmear dlùth-cheangailte ri chèile agus 's ann leis an dàrna ainmear a tha a' chiad fhear.) [1]

16. Cò am fear a tha ceart: **air beulaibh na sgoile** no **air beulaibh an sgoil**?  
*Air beulaibh na sgoile.* (Tha *an sgoil* a' leantainn roimhear fillte agus mar sin 's ann san tuiséal ghinideach a bu chòir dha a bhith.) [1]
17. Dè am facal a tha ceàrr ann an **Sheinn iad na h-òrain mòra gu h-àlainn.**  
*mòra.* [1]
- Cearthaich am facal a tha ceàrr.  
*mhòra.* [1]
18. A bheil **sùbailteachd** fireann no boireann?  
Boireann. [1]
- Ciamar a tha fios agad?  
Tha *-achd* aig an deireadh. [1]